

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

An t-seachdain 's a chaidh, ann an dreach sgrìobhte na Litreach, anns na notaichean mu dheidhinn gràmair, dh'iarr mi oirbh sùil a thoirt tron Litir airson gnàths-cainnt a bha a' cleachdadh an roimheir, à neo às. Tha mi an dòchas gun d'fhuair sibh lorg air. 'S e a bh' ann – *bhiodh a caraidean a' tarraing aiste*. Tha sin co-ionann ris a' Bheurla – *her friends would tease her*.

Bidh sibh a' tarraing às cuideigin. Is ma chuireas sibh dragh air duine le bhith a' tarraing às, is ma tha sibh a' gabhail aithreachas mu dheidhinn, 's dòcha gun can sibh ris, “Na gabh dragh. Bha mi dìreach a' tarraing asad.”

O chionn ceala-deug, thug sinn sùil air an t-seanfhal, *Ruigidh each mall muileann, ach feumadh fear fuireach a bhriseas a chas*. Uill, an latha roimhe, ghabh mi beagan spòrs le buidheann-chòmhradh Ghàidhlig a bha mi a' stiùireadh, buidheann anns an robh luchd-ionnsachaidh anns a' mhòr-chuid. Thug mi a' chiad phàirt dhen t-seanfhal sin dhaibh – *ruigidh each mall muileann* – agus dh'iarr mi orra crìoch a chur air, le rud sam bith a thogradh iad.

Seo agaibh eisimpleirean de na fhuair sinn: *ruigidh each mall muileann ...ach ruigidh each luath e fada nas tràithe!* Neo – *ruigidh each mall muileann ... ma dh'fhanas tu fada gu leòr*. Neo - *ruigidh each mall muileann ... ach bidh mi am muileann dùinte*. Is mar sin air adhart. Agus chuir e smuain neo dhà nam cheann – gum biodh e math a leithid de ghèam a chluich anns an Litir seo.

Bidh sibh eòlach air an t-seanfhal – *Is math an còcaire an t-acras*. Ach dè mu dheidhinn – *Is math an còcaire ... Nick Nairn, neo is math an còcaire ... am fear a chuireas siùcar donn air lite*. Uill, 's e sin mo bheachdsan co-dhiù! Ach 's fheàrr le cuid dìreach bainne is salainn.

Tha seanfhal ann – *Am fear a bhios fad' aig an aiseag, gheibh e thairis uaireigin*. Dè mu dheidhinn – am fear a bhios fad' aig an aiseag ... fàsaidh e fuar is greannach. Neo, am fear a bhios fad' aig an aiseag ... bidh e a' sgrìobhadh gu Caledonian Mac a' Bhrùthain a' gearain mu dheidhinn!

'S dòcha gum bi sibh a' cuimhneachadh an t-seanfhal air an tug sinn sùil anns an Dùbhlachd o chionn bliadhna gu leth - *'S fheàrr am partan-tuathal na bhith gun fhear-taighe*. Thathar a' gabhail “partan-tuathal” air duine bochd, aig nach robh taigh, a chaidh a dh'fhuireach còmhla ri bean ùr aig an robh taigh. Bidh sibh a' cuimhneachadh gu bheil e a' ciallachadh *hermit crab* ann am Beurla. Ach dh'fhaodamaid atharrachadh gu – 's fheàrr am partan-tuathal ... na bhith gun bhiadh idir. Neo – 's fheàrr am partan-tuathal ... eadar da

phìos arain na hamburger bhon bhùth sìos an rathad. Cha chan mi dè a' bhùth air a bheil mi a' smaoineachadh!

Agus dh'fhaodadh iad obrachadh anns an dòigh eile. Dh'fhaodainn fhìn seanfhacal nach eil ceart aithris agus iarraidh oirbh am fear ceart a thoirt dhomh. Mar eisimpleir, tha na h-itean as bòidhche air na boireannaich anns na Folies Bèrgères. Uill, bidh fios agaibh fhèin, tha mi an dùil, gu robh còir agam a ràdh, *tha na h-itean as bòidhche air na h-eòin fad às*, is nach robh còir agam a bhith a' smaoineachadh idir air na boireannaich sin!

Ma tha sibh fhèin a' gabhail tlachd le bhith a' cluich le faclan anns an dòigh sin, carson nach cuir sibh “seanfhaclan ùra”, a tha sibh fhèin air a chruthachadh airson fealla-dhà, thugam. Ma tha iad math, cò aige tha fios nach nochd iad uair neo uaireigin anns a' phrògram seo.

* * *

Faclan na seachdainne: roimhear: *preposition*; buidheann-chòmhradh Ghàidhlig: *a Gaelic conversation group*; greannach: *grumpy*; Caledonian Mac a' Bhrùthain: *Caledonian MacBrayne*; an Dùbhlachd: *December*; tlachd: *pleasure*.

Abairtean na seachdainne: ann an dreach sgrìobhte na Litreach: *in the written form of the Litir*; ma chuireas sibh dragh air duine le bhith a' tarraing às: *if you annoy a person by teasing him*; ach ruigidh each luath e fada nas tràithe: *but a fast horse will reach it much sooner*; ma dh'fhanas tu fada gu leòr: *if you wait long enough*; gum biodh e math a leithid de ghèam a chluich anns an Litir: *that it would good to play the same sort of game in the Litir*; Is math an còcaire an t-acras: *hunger is a good cook*; am fear a chuireas siùcar donn air lite: *the man who puts brown sugar on porridge (delicious, but a sacrilege to many in the Gaidhealtachd!)*; am fear a bhios fad' aig an aiseag, gheibh e thairis uaireigin: *the man who waits long at the ferry will get over sometime (eventually)*; 's fheàrr am partan-tuathal na bhith gun bhiadh idir: *better the hermit crab than to be entirely without food*; gu robh còir agam a ràdh: *that I should have said*; “seanfhaclan ùra” a tha sibh fhèin air a chruthachadh: *“new proverbs” that you yourselves have created*; cò aige tha fios nach nochd iad uair neo uaireigin anns a' phrògram seo: *who knows they might not appear in this programme at some time or other*.

Puing ghràmair na seachdainne: dh'iarr mi orra crìoch a chur air le rud sam bith a thogradh iad: *I asked them to finish it, with anything they wanted. The verb togair (a' togradh) means “to desire, wish strongly or covet” and is most commonly met with in normal conversation in two forms. One is the relative future thogras, as in thèid mi ann ma thogras mi (I'll go if I wish to); faodaidh tu dhol a-mach ma thogras tu (you can go out if you want to); dèanadh iad na thogras iad (let them do what they want). The other is the subjunctive/conditional form thogradh. Le rud sam bith a thogradh iad really means “with anything they might desire”; other examples are dh'fhaodadh iad rud sam bith a thogradh iad a dhèanamh (they could do anything they wished); dhèanadh iad sin nan togradh iad (they would do that if they wished to). The verb also has other standard forms eg dhèanamaid sin nan togramaid (we would do that if we wanted to) and it is employed in an important figure of speech - ma thogair (it doesn't matter to me; I am entirely indifferent) – which is widely used by older Gaels, even if somewhat less by the younger generation.*

Gnàths-cainnt na seachdainne: ma tha sibh a' gabhail aithreachas mu dheidhinn: *if you regret it*.

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig

